

DEALBH-OBRACH & PACA-IARRTAIS-OBRACH



Dreuchd	Foghlainneach Mheadhanan Didseatach
Cunntachail gu	Manaidsear Obrachaidh (Goireasan)
Stèidhichte	Steòrnabhagh
Deit dùnaidh airson tagraidhean	26 Samhain 2021, 12f
Agallamhan	6 Dùbhlachd 2021 MS Teams

11 Samhain 2021

A thagraiche chòir

IARRTAS OBRACH – Foghlainneach Mheadhanan Didseatach

Taing airson d' ùidh san dreuchd airson Foghlainneach Mheadhanan Didseatach.

Tha sinn a' sireadh neach a tha dealasach a thaobh a bhith a' leasachadh an cùrsa-beatha anns an roinn ioma-mheadhain, le dòigh-obrach adhartach a thaobh obair, deagh sgilean conaltraidh agus eadar-phearsanta agus dioghras airson ionnsachadh tro eòlas san àite-obrach. Bidh an neach a' gabhail pàirt ann am Prògram Preantasachd Ùr-nòsach le teisteanas gu SCQF Ìre 7. A thuilleadh air Preantasachd Ùr-nòsach, gheibh an neach prògram trèanaidh air an sruth-obrach gu lèir airson craoladh agus prògraman ioma-ùrlair thar dà bhliadhna

Tha e a' toirt toileachas dhuinn am paca-iarrtais-obrach a chur an cois seo.

Gus tagradh a chur a-steach, cuir a-steach litir-chòmhdachaidh agus an CV agad le iomradh air do sgilean, eòlas agus comasan, a' cur aire shònraichte air an Sònrachas Obrach. Bu mhath leinn cluinntinn mu do chomasan agus eòlas bhon dà chuid obraichean pàighte agus saor-thoileach. Ma tha thu ag iarraidh còmhraidh neo-fhoirmeil mun obair agus mun chothrom, cuir fios gu Claire NicLeòid, Comhairliche HR, air hr@mgalba.com agus cuiridh sinn air dòigh àm freagarrach airson còmhraidh.

Bu chòir dhut do thagraidh a chur a-steach ro **12f Dhaoine 26 Samhain 2021** gu hr@mgalba.com. Cha tèid beachdachadh air tagraidhean a thèid an cur a-steach an dèidh seo.

Thèid agallamhan a chumail Diluain 6 Dùbhlachd 2021 tro Teams.

Le dùrachd



Dòmhnall Caimbeul
ÀRD-OIFIGEAR

MU AR DEIDHINN

Cò sinn?

Tha MG ALBA (Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig) a' ruith na seanail Ghàidhlig **BBC ALBA** ann an com-pàirteachas leis a' BhBC. Tha uallach oirnn cuideachd airson [FilmG](#), [LearnGaelic](#) agus [SpeakGaelic](#) ann an co-bhanntachd le com-pàirtichean eile.



Tha fiosrachadh cudromach mu ar n-amasan agus ar toraidhean airson na bliadhna seo ri fhaighinn nar [Plana Obrachaidh 2020/21](#).

Càite bheil sinn?

Tha sinn stèidhichte ann an Steòrnabagh, le làthaireachd cuideachd ann an Glaschu agus Inbhir Nis

Ar Luchd-obrach & Am Bòrd

Tha 43 [neach-obrach](#) againn, le [Bòrd](#) de 9.

Ar n-Àrainneachd Obrach

Thathas ag obair le dòigh obrach firinneach, fosgailte agus eadar-obrachail. Tha guth gach neach nar sgioba a' cunntadh. Thathas a' co-roinn nas urrainn dhuinn de dh'fhiosrachadh gus am bi fios aig gach neach ciamar a tha am buidheann a' dèanamh, ciamar a tha sinn uile a' cur ri sin agus ciamar as urrainnear a bhith fiùs nas fheàrr nar n-obair.

Thathas pròiseil gun do choilean sinn barantachadh bhon taobh a-muigh bho *Broadcast Best Places to Work in TV* airson còig bliadhna co-leantaileach (2016-2020), Inbhe Platinum bho *Creideas nar Cosnaichean* agus Inbhe Òir bho *Creideas nar Cosnaichean Òga*. Thathas dealasach ann a bhith a' dèanamh nas urrainn dhuinn gu bheil ar daoine fallain agus air an coimhead às an dèidh, ag obair le *Healthy Working Lives Awards* gus seo a choileanadh.



Ullachaidhean Chorporra agus Shòisealta

Mar bhuidheann, thathas làn dhealasach mur Ullachaidhean Chorporra agus Shòisealta, a tha air an coileanadh ann an ioma dòigh, nam measg tro ar Poileasaidh Àrainneachd, ar Poileasaidh Fastaidh agus ann an tabhartasan seach airgead chun choimhearsnachd agus buidhnean carthannais. Thathas gu cunbhalach a' toirt seachad eòlas saor an-asgaidh agus uidheamachd gu tachartasan ionadail togail airgid, dannsan carthannais, farpaisean cheist, cuirmean dhuaisean agus bithear cuideachd a' toirt taic do riochdachadh bhidiothan foillseachadh carthannais, tachartasan spòrs, bùithtean-obrach cultarail agus foghlaim agus tachartasan film/Mòd.

DREUCHD FOGHLAINNEACH MHEADHANAN DIDSEATACH

Cùl-fhiosrachadh

Tha na meadhanan Gàidhlig, coltach ri gach meadhan eile, a' dol tro atharrachadh brìgheil. Tha seo an dà chuid dùbhlach agus brosnachail.

Is e cothrom inntinneach a tha seo do chuideigin dealasach a bhith mar phàirt den sgioba aig MG ALBA ann an dreuchd Foghlainneach Mheadhanan Didseatach. Stèidhichte taobh a-staigh ar Roinn Obrachaidh, gheibh an neach eòlas obrach farsaing air an sruth-obrach gu lèir airson craoladh agus prògraman ioma-ùrlair. Gheibh an neach cuideachd trèanadh farsaing agus eòlas obrach thar nan roinnean.

Daoine

Bidh na prìomh feartan a leanas aig an tagraiche freagarrach againn:

- Deònach a bhith mar phàirt de sgioba thrang, spionnmhor a tha a' sìor fhàs
- Sàr-sgilean eadar-phearsanta agus conaltraidh
- Ùidh mhòr anns an roinn chruthachail ioma-mheadhain
- A bhith math ann a bhith ag obair ann an sgioba
- A bhith broснаichte agus fèin-thòiseachaidh
- Deònach a bhith a' gealltainn ionnsachadh san obair, le taic bho leasachadh proifeasanta agus teisteanasan taobh a-muigh

An dreuchd

Bidh an Foghlainneach Mheadhanan Didseatach cunntachail chun Mhanaidsear Obrachaidh (Goireasan). Am measg prìomh eileamaidean na dreuchd tha:

- A' toirt taic do dh'obair na Roinne Obrachaidh ann an riochdachadh telebhisein a' toirt a-steach obair camara, deasachadh bhidio, grafaigs gluasaid, rangachadh dath, clàradh claisneachd agus measgachadh, riatanasan smachd càileachd, tasglann agus siostaman leabharlainn agus cleachdadh Microsoft Sharepoint.
- A' toirt taic do dh'obair an Aonaid Dhidseataich tro Chruthachadh agus Clàradh Susbaint nam Meadhanan Sòisealta
- A' toirt taic do phròiseactan agus tachartasan gnìomhachais

Our Values

Our values are the key principles that guide the work we do. They determine our priorities and underpin the way we operate in all that we do.

Cruthachalachd

- Tha sinn a' comasachadh cruthachadh sàr-shusbaint Ghàidhlig

Luchd-amhairc

- Tha sinn air ar fiosrachadh agus air ar brosnachadh le ar luchd-amhairc

Àrd-amas

- Tha sinn ag amas air agus a' libhrigeadh sàr-mhathas

Co-bhanntachd

- Tha sinn a' coileanadh tro cho-obrachadh

Spèis

- Tha sinn ag èisteachd; tha sinn a' brosnachadh; tha sinn cothromach

FIOSRACHADH TAGRAIDH

Prìomh Chinn-là

Tagraidhean fosgladh	11 Samhain 2021
Deit dùnaidh	26 Samhain 2021, 12f
Agallamhan	6 Dùbhlachd 2021

Pròiseas Taghaidh

Tha am pròiseas taghaidh air a chur a-mach ann am [Poileasaidh Fastaigh MG ALBA](#).

Pannal Taghaidh

Manaidsear Obrachaidh (Goireasan) agus an Stiùiriche Ro-innleachd & Chùisean Taoibh A-Muigh, le taic bhon Chomhairliche HR.

Sgrùdadh Co-ionannachd Chothroman

Tha sinn nar fastaichean co-ionannachd chothroman agus bithear a' cumail sgrùdadh air dàta fastaidh. Cuiribh crìoch air an fhoirm an cois seo, a tha a rèir reachdas GDPR.

Tagraichean Ciorramach

Cuirear fàilte air tagraidhean bho dhaoine ciorramach agus tha sinn a' gabhail pàirt san Sgeama Agallamh Barantas Obrach airson tagraichean a tha air iad fhèin a mheasadh mar chiorramach agus a tha a' coileanadh nan slatan-tomhais aig an ìre as ìsle airson dreuchd bhàn.

Rèitearan

Thèid fios a chur gu dà rèitire nuair a thèid gabhail ri tairgse obrach cumhach. Cha tèid fios a chur gu rèitire gun ur cead.

Dàimh le Ball Bùird / Oifigear / Strì eadar Chom-pàirtean

Bu chòir dàimhean le buill bùird no luchd-obrach, no strì chom-pàirtean ann an dà-riribh na dh'fhaodadh a bhith air fhaicinn mar strì chom-pàirtean a chur am follais san tagradh.

GDPR

Thèid dàta pearsanta taobh a-staigh ur tagradh a phròiseasadh, a chumail agus a chur ann an tasglann/cur às dheth a rèir [Sanas Priobhaideachd MG ALBA](#).

GEÀRR-IOMRADH AIR TEIRMEAN IS CUMHAICHEAN NA H-OBACH

Ìre	Grade A1-4
Tuarastal	£18,013-£19,702 gach bliadhna (stèidhichte air lèirmheasan 6 mìosan air dèanadas agus amasan)
Fòrladh bliadhnail	25 là + 12 saor-làithean poblach
Peinnsean	Sgeama Peinnsein Tabhartas Sònraichte, cuiridh MG ALBA 10% den tuarastal bliadhnail, a' dol suas gu 15% ma chuireas an neach-obrach tabhartas de 5% ris
Bàs ann an Seirbheis	4 x Tuarastal Bliadhnail
Sochairean Eile	Gus dòigh beatha fhallain a bhrosnachadh thathas a' tairgse ballrachd <i>gym</i> . Tha dòighean-obrach math teaghlach agus sùbailte againn agus thathas a' tairgse sgeama rothaireachd.

Sgeama Pàigheadh Tinneis

Seirbheis suas gu dà bhliadhna	Làn-pàigheadh 1-mhios agus leth-pàigheadh 1 mhios, ann an aon bhliadhna
An-dèidh seirbheis 2 bhliadhna	Làn-pàigheadh 2-mhios/leth-pàigheadh 2 mhios, ann an aon bhliadhna
An dèidh seirbheis 3 gu 4 bliadhna	Làn-pàigheadh 3-mìosan/leth-pàigheadh 3 mìosan, ann an aon bhliadhna
An-dèidh seirbheis 5 bliadhna	Làn-pàigheadh 4-mìosan/leth-pàigheadh 4 mìosan, ann an aon bhliadhna

Ionnsachadh & Leasachadh

Tha e riatanach gum bi plana Ionnsachaidh agus Leasachaidh aig gach neach-obrach a ni comasach dhaibh fàs nas èifeachdaich nan obair agus na h-amasan bliadhnail obrach aca a choileanadh. Thathas a' brosnachadh teisteanasan proifeasanta.

Gàidhlig

Is e a 'Ghàidhlig cànan obrach MG ALBA. Feumaidh an dreuchd seo ìre làidir de chomas sa chànan. Thèid taic a thoirt do gach tagraiche a tha airson tuilleadh leasachaidh a dhèanamh air a' cheangal aca ris a' Ghàidhlig.

Tuilleadh Fiosrachaidh

Airson còmhradh neo-fhoirmeil mu pìos sam bith den obair, cuiribh fios gu hr@mgalba.com agus thèid àm freagarrach a chur air dòigh airson còmhradh.

DEALBH-OBACH

Tìotal-obrach	Foghlainneach Mheadhanan Didseatach	Ìre	A	Uaireannan Seachdainneach	37
Amas	Foghlainneachd a' toirt a-steach gach taobh de shruth-obrach craolaidh agus ioma-ùrlair. Bidh am Foghlainneach Mheadhanan Didseatach cuideachd a' crìochnachadh Preantasachd Ùr-nòsach gu SVQ Ìre 7 tro ionnsachadh san àite-obrach, eòlas dreuchdail agus measadh sgilean				
Cunntachail do	Manaidsear Obrachaidh (Goireasan)				
Le uallach airson	<p>Bidh an dreuchd Foghlainneach Mheadhanan Didseatach airson ùine 2 bhliadhna agus bheir e seachad trèanadh farsaing agus eòlas obrach a' toirt a-steach an t-sruth-obrach gu lèir airson prògraman craolaidh agus ioma-ùrlair a gheibh MG ALBA.</p> <p>Feumaidh am Foghlainneach Mheadhanan Didseatach 7 modalan èigheachail agus 5 modalan roghainneil a choileanadh gus Preantasachd Ùr-nòsach a ruighinn gu SVQ Ìre 7.</p> <p>Ionnsaichidh am Foghlainneach Mheadhanan Didseatach gach taobh de obair craolaidh agus obair ioma-ùrlair. Gabhaidh seo a-steach iar-riochdachadh prògram, modhan-foillseachaidh meadhanan sòisealta airson prògraman, clàr-ama co-cheangailte ri prògraman agus an taic innleadaireachd airson an t-sruth-obrach seo. Bidh am Foghlainneach Mheadhanan Didseatach cuideachd a' gabhail pàirt ann am prògram sgilean meadhanan sònraichte gnìomhachas MG ALBA.</p>				
Dàimhean obrach	<ul style="list-style-type: none"> Dàimh obrach làitheil taobh a-staigh na Roinn Obrachaidh Suidheachaidhean stèidhichte air cuspair taobh a-staigh roinnean air feadh na buidhne 				
Prìomh Thoraidhean	<ul style="list-style-type: none"> A h-uile gnìomh, builean ionnsachaidh agus measaidhean riatanach gus inbhean Measadair SVQ a choileanadh Crìoch air a' Phreantasachd Ùr-nòsach gu SVQ Ìre 7 A' toirt taic do dh'obair na roinne obrachaidh ann an riochdachadh telebhisein a' toirt a-steach obair camara, deasachadh bhidio, grafaigs gluasaid, clàradh claisneachd agus measgachadh, riatanasan smachd càileachd, tasglann agus siostaman leabharlainn agus cleachdadh Microsoft Sharepoint. A' toirt taic do dh'obair an Aonaid Dhidseataich tro chruthachadh agus clàrachadh susbaint nam meadhanan sòisealta A' toirt taic do phròiseactan agus tachartasan gnìomhachais. 				
Prìomh gnìomhan	<ul style="list-style-type: none"> Cuideachadh le bhith a' cruthachadh grafaigean (a' cleachdadh bathar-bog grafaigeach gluasaid) airson riochdachadh ioma-mheadhain. Taic a thoirt do luchd-obrach anns gach taobh de riochdachadh ioma-mheadhain a' toirt a-steach bhidio agus claisneachd. A bhith ag obair còmhla ri buill eile na sgioba gus dèanamh cinnteach gu bheillear a' coinneachadh ri cinn-ama. Cuir beachdan ùra ris a' phròiseas riochdachaidh. Ceangal a dhèanamh le co-obraichean agus measadairean eile a dh'fhaodadh a bhith a' cur ris an toradh chrìochnaichte iomlan. Cum suas ris na sruthan obrach gnàthach taobh a-staigh ioma-mheadhain Obrachadh ann an gnìomh taic air pròiseactan leithid SpeakGaelic; LearnGaelic; an Aonad Dhidseatach A' gealltainn gun cleachd thu a' Ghàidhlig san àite-obrach. 				
Riosg	<ul style="list-style-type: none"> Fo Mhodail Riaghladh Cunnairt MG ALBA, thathas a' faicinn cunnart mar rud a tha a' buntainn ris a h-uile duine. Mar sin, tha uallach air gach neach-dreuchd beachdachadh air cunnart an-còmhnaidh, a' toirt a-steach uallach a bhith ag aithris/a' beachdachadh air cunnartan, cunnartan a dh'fhaodadh nochdadh, maothachadh cunnairt agus/no cùisean don Mhanaidsear Loidhne aca no do bhuill Buidheann Cunnairt Corporra. 				

	<ul style="list-style-type: none"> • Bidh na Clàran Cunnairt mìosail as ùire rim faicinn air SharePoint agus thathas a' brosnachadh luchd-dreuchd iad sin a leughadh gu cunbhalach. • Bu chòir do gach neach-dreuchd a bhith deònach beachdachadh air cunnart aig measaidhean luchd-obrach agus/no amannan còmhraidh obrach
Sgilean bunaitich	<ul style="list-style-type: none"> • Ag obair air coimpiutair no 'tablet' • Comas a bhith ag obair mar phàirt de sgioba • Comas coinneachadh ri cinn-latha • Dòigh-obrach adhartach a thaobh obair • Sgilean conaltraidh agus eadar-phearsanta math • Glèidheadh ùine mhath • Beurla, Matamataig, Gàidhlig aig ìre 'National 5' • Ìre mhath de litearrachd IT • Fileantachd ann an comas labhairt Gàidhlig (taic air a thoirt seachad airson comas sgrìobhte ma tha feum air) • Ùidh follaiseach ann an dreuchd ann an roinn nam meadhanan
Fad na h-obrach	<p>Teirm suidhichte - 2 bhliadhna</p> <p>Gheibh am Foghlainneach Mheadhanan Didseatach taic gus na dreuchdan a tha rim faighinn sa ghnìomhachas fhaighinn nuair a chuireas iad crìoch air an trèanadh aca</p>

Tha na duilleagan seo gam fàgail sa Bheurla a-mhàin airson adhbharan briathrachais/tuigse

MG ALBA DIGITAL MEDIA TRAINEE
Bespoke Training

Based on 0.5 days per week, 50 days over two years (preferably in blocks) we will cover the following with the Trainee:

Studio & Production Engineering

Vision Principles

- Picture and colour theory,
- Waveform & vector monitoring
- System Cameras & Vision Control
- Setting up camera channels,
- Camera line up using charts and waveform monitor,
- Matching cameras,
- Critical picture assessment

Basic lighting concepts

Audio principles

- Microphony
- Acoustics
- Loudness

Audio Operations

- Voice recording
- Audio consoles
- Auxiliary feeds
- PA Systems
- Clean feeds

Communications systems

- Configuring intercom systems
- Radio communications

Broadcast Engineering

Broadcast Systems Overview

- CAR Router & Vision Mixer
- Distribution & Conversion
- Control Systems
- Signal & Power redundancy

Electronics Overview

- Basic amplifier circuits
- Balanced signals
- Galvanic & Optical isolation

- Impedance
- Soldering

Networks Overview

- Basics of IP Networks
- WAN Connectivity

Broadcast systems – in depth

- Vision Mixers
- Routers
- Camera channels
- System design
- Jackfields & Krone frames
- Tallies and on air control
- Automated file processing

Troubleshooting

Post-Production

For post-production the Digital Media Trainee will be taught the fundamentals of video and audio. This is to ensure they can recognise all the aspects of the various video and audio components they will be working with. This will enable them to use the correct workflows and how to handle different types of media files from ingesting, editing, colour management, video file compression settings to exporting finalised videos for viewing.

Aspect Ratio

The Digital Media Trainee will learn about various screen and pixel shapes used in video for broadcast, on-line and social media.

Codecs

The fundamentals of video and audio codecs will be explained along with the correct ones to use for the required final viewing requirements.

Resolutions

The Digital Media Trainee will gain a full understanding the various resolutions used for broadcast TV, video production and on-line and social media viewing.

Differences between Progressive & Interlaced footage

The Digital Media Trainee will gain important knowledge on distinguishing between these two video standards and which final viewing output determines which one should be used as well as how to convert between the two if required. There is a degree of 'getting one's eye in' which can only be mastered by fully understanding the theory and viewing over time.

Audio Bit Rates & Sampling Frequencies

The Digital Media Trainee will learn the fundamentals and practical aspects of this area of audio for use in video production. There are very specific requirements, and it will be of benefit to be fully conversant in understanding what is required.

Social Media

The Digital Media Trainee will learn the fundamentals of how to use social media in a business setting. From content creation to backend analytics, digital communication is becoming more and more important in the media sector. This will allow the Digital Media Trainee to gain an understanding and appreciation for how to best engage with audiences, stakeholders and partners with advertising, information sharing and content delivery.

Platforms and Audiences

The Digital Media Trainee will learn about the segmentation of audiences and demographics across the various social media platforms used by MG ALBA. From the corporate environment of LinkedIn to the more irreverent Instagram each platform speaks to the audience in a different way and the specific 'voice' to be used must be planned.

Writing for Social Media

With Twitter only allowing 280 characters, brevity is crucial but you have to be able to get your message across. This is also important when working with the short attention span of an Instagram or Facebook scroll – you need to draw in your audience. Working with primarily Gaelic also makes you have to consider how to write for a non-Gaelic audience and when a picture/graphic might be more suitable.

Content Creation

Graphics, videos, imagery – this is what works best on social media – the Digital Media Trainee will learn to use content creation software like Canva and potentially the Adobe suites to create engaging and attractive social media content. Graphic design is making its way into every aspect of media work so it's great to learn the basics.

Analytics

Was that a successful social media post? Until you see the metrics you don't know. Using the social media platform's analytics, we'll judge the content against our previous content to find out what works. What gets seen? What gets engagement? What gets ignored? We learn from the mistakes, and we'll improve to make sure our message gets across and our audience grows.